

APS.1.78.229

GUINNE, UILLEAM.

MARBH-RAINN

DINGWALL. 1887.

National Library of Scotland



B000135887

MARBH-RAINN

AIR

DAOINE URRAMACH DIADHAIDH

A BHA

'AN SGIRE DHORNAICH, 'AN CATAOBH.

LE

UILLEAM GUINNE 'SA BHEAN,
'AM PRONNSUIDH, 'S AN SGIRE CHEUDNA.

DINGWALL :

PRINTED AT "ROSS-SHIRE JOURNAL" OFFICE.

MDCCLXXXVII.



I.—Marbh-rann air Uilleam Macintoisich 'bla 'n
Achadhleathan, 'an Sgìre Dhornaich.

- 1 ANN an cruinneachadh againn na còmhail,
C' ait am faic mi leithid Uilleam Tòisich;
Le teire do bhriath'ran ann an deagh òrdugh,
Is blas na naomhachd orra an còmhnuidh.
Oich O ! nan Obh !
- 2 Ach 's comharradh thu bhì trogail t-imrich,
Thu bhì toirt air falbh do mhuintir ionnmhinn,
Gun bhì trogail 'n an àit' fìor luchd-leanmhuinn,
'Sheasadh t aobhar, 'us cùisean anaimean.
- 3 Ach 's pìreas n-ar tìr a bhì na fàsaich,
Thu bhì 'toirt air falbh luchd-seilbhich t-fhàbhair,
Do an do libhrig thu do shaor ghràsan,
A f huair lamhan Mhaois 'us teangaidh Aaroin.
- 4 Airson tagair cùisean mhuintir shàruicht'
A ris a Chùirt ud a tha os àrda,
A chum gu 'm faigheadh iad dheth do ghrasan,
Na bheireadh iad saor gu tìr na teàr'nteachd.
- 5 Oir ann an cruinneachadh air an t shàbaid,
S e-san a bheireadh a chemhairl' theàr'nt dhuinn ;
Sinne do threigeadh n-ar cuid seann àbhaist,
'S do dheanamh roghain de 'n aon ni àraidh.
- 6 Ach 's ann a choslaich mi thu ri Iacob
Air barr a bhat, a dh' iarr beannachd àraidh
Do na deòraich bho chd a chaidh nis fhàgail ;
A chum an dìon a' dol troimh an fhàsaich.
- 7 Ach 's e thu dhol uainne cùis n-ar n-iunndrain ;
Beul na comhairl agus na deagh iompaidh :
Oir 'se a bh' ann dheth neach a chaidh nìgadh,
'S an t-ait bho an deach' e, 's mòr a rùm as.
- 8 Oir is e a bh' ann am plantan ùr dheth,
Ann am fìonan Chrìosd, a' sìor chuir cliù air ;
Ach b' e bhì 'g a àrduchadh a chiùradh,
Thaobh feag'lan a bhàis 'bhì ghnà cho dù ris.

- 9 Ach iadsan a dh' fhàg e mu 'n robh a churam,
Cuir-sa dh' an ionnsuidh am porsan dubailt,
Agus dean iad treun, 'nam fìor luchd-urnuigh,
Gu seasamh a naird 'sa bhearn chaidh rusgadh.
- 10 Bhi cianail na 'd dheigh is mì nach aicheadh,
Oir bu tu m' athair agus mo bhrathair :
A' dol ann am measg mo chuisèan saraicht',
Cha 'n fhaigh mi do leith'd 'am measg nam braith-
rean.
- 11 Ach a bhraithrean uile, bithibh ag urnuigh,
Nach cuireadh an Spiorad ruinn a chol'aobh ;
Oir tha sinn 'giulan neul an diumaidh,
Moran do bhearnan 'us ro bheag iunndran.
- 12 Ach a thaobh an tearc 'tha air an fagail,
Ag imeachd fathasd 'sann anns an fhasaich,
Cha 'n e lugh'd n-ar tionail tha na chradh dhoibh ;
Ach moran aidich 'us ro bheag grasan.
- 13 Ach 'sann oirn a luidh an dusan basmhor,
A' caitheamh n ar tim, 'sa sior 'ga t-aicheadh,
An deigh na thaisbean Thusa dheth t-fhabhair,
Chum n-ar deanamh saor bho dhaorsan trailleil.
- 14 Ach cha d' labhair mis' ach tearc do bhriathran,
Mu dheighne a chliu, ri taobh na b' fhiach o,
Air dhomh a bhi ruisg anns an tir chianail,
'Us m' aghaidh air an uir fo neul crionaidh.
- 15 Ach 'nis airson t-Ainm nach tiore Thu t-aobhar,
Is e fo chasan an fhìor luchd reubaidh,
'S iad ag eiridh chum bli 'dion na h-eucair ;
Mar a bha an dream bha 'ga do cheusadh.
- 16 'S iad 'n aghaidh a mhuinntir th'ann an oigin,
'Sa tha air am fàsghadh airson T-aobhar ;
Ach sgoilt sa an cuan 's cluinn an cubhachd,
'S anns an fhionan-sa dean sa iad foumail.
- 17 Is deonaich dhuinne a dheth Do phorsan,
Na bheireadh sinn saor a null air lordain :

Ma's bas duinn gun Chrìosd, shìos bithidh u-ar
 comhnuidh,
 'S bi'dh Do cheartas gu sior a' gabhail toir dhinn.

II.—Marbh-rann air Iain Grea, Eild'ear a bha 'n
 Sgìre Dhornaich.

- 1 OCH a Leataircean Dhornaich,
 'S mor an leon bhi 'g a t-fhaicinn,
 Bho 'n la thug E laimh 'n tos as :
 'S c' ait am b' eol domh a loithid ?
 Bha o duineil is diadhaidh,
 'S bha e ciallach 'na chomhradh,
 Is cha deanadh e geilleadh,
 Do na reusantan feolmhor.
- 2 B' fhear gun sgoil e gun loughainn :
 Fear a leirsinn cha b' eol domh,
 Gu cuir solus air 'n fhirinn,
 Bha e dileas 'us comhnard.
 Ach 'se chreideas do 'n fhirinn,
 Rinn e dileas 'sa chlosaid,
 Is cha ghabhadh e 'n ias'd e ;
 Oir b'e Crìosd a *phòrsan*.
- 3 Thug thu aghaidh cho dìreach,
 Anns an t-shlighe bha comhnard,
 'S rinn thu bhriathran cho brìgheil
 Ris an fhion air dheagh stoladh :
 'Nuair 'reidheadh e do dh' urnuigh
 Ann an duineadh na comhail,
 Bhitheadh feartan an uir'chidh
 Mar an driuchd tigh'nn na chomhail.
- 4 Ach 'se mhaise chuir Crìosd ort,
 A rinn sgiamhach thar chach thu ;
 Oir rinn comuinn na Trianaid
 Do bhuaidhean-sa uil' aiteach.
 Bha do phairtean lan soluis,
 Air an sailleadh lo grasan,
 'S c'ait am faic mi leithid Iain,
 Na sheasamh 'meadh'n na'm braithrean.

- 5 Gu sgoltadh na firinn, choidh thu
 Thairis air miltean 'b' eol domh,
 'S c'ait am faic mi leithid Iain
 Na sheasamh 'm meadh'n na combail :
 Oir chaidh do mhais', 's do naomhachd
 Thairis air miltean 'b'eol domh,
 Is Iain Grea, mo ghaoil-sa,
 Thug E saor thu thar Iordan.
- 6 Bha do cheuman cho dircach,
 'S bha iad sint' ri do chomhradh,
 Is cha 'n fhaic mi do leithid—
 Anns an latha cha 'n eol domh ;
 Oir bha do dhaimhs cho seasmhach,
 S hha do chomuinn cho blath dhomh,
 'S rinn cumhachd an Fhir-shaoraidh
 Do thoirt saor troimh an fhasaich.
- 7 Thug E saor thu bho 'n fheagal,
 'S bho na h-amhrusan craiteach,
 'S mar an ceudn' bho 'n fhear toibhèum,
 'S bho fhear-ditidh na 'm braithrean,
 'S tha thu nise gu sona,
 'S cha thig ainnis gu brach ort :
 Tha thu 'g amhare 'n ard Chuspair,
 'S tha thu an uchd Abraham.
- 8 Bha n-ar ceangal riut dianach,
 Da fhichead bliadhn' 'san fhasaich,
 Is cha d' fhair am fear-millidh
 Comus brisidh no beairn air,
 Ach cuir 'n Spiorad air Seumas,
 Gu sheuladh 'na oige ;
 Ach am faigh e na grasan
 Fhuair a pharant le trocair.
- 9 'Scur am manntal air Uilliam
 Gu bhi ann' suill'chas boidheach ;
 Ach an lean e na ceuman
 Bha o 'g eisdeachd bho oigo :
 Ach 's mith'ch sguir deth mo thuireadh
 Air an tullaich, 's mi m'onor,

Is mi 'g amharc na fasaich,
Is am bas 'tighinn mo chomhail.

III.—Marbh-rann do Shiorra Macculloch bha 'an
Dornach.

- 1 SUD an sgeul a bha ciuirteach,
Sgaoil a mach feadh n'an duth'chan,
Fear na seinn 'us na h-urnuigh thoirt nainn,
B' o sin Siorra mor Huistean,
Fear a ghaoil 'us na dluth'teachd,
Do gach neach a bha ciuirt'dheth an t-shlaugh.
- 2 Fhuair an cuan e ri bhathadh,
Mail' ri moran de dh'aireamh,
'S thug sud dealachdan craiteach mu'n cuairt,
Beul na milseachd a dhuineadh,
Bho bhi 'labhairt le curam,
Timchiol corain ro-bhruideil an t-shluaigh.
- 3 Mur biodh aithreachas tra' ac',
Nach d'robh ann ach am bas doibh,
Agus coinseans 'gan cradh le bith-bhuan :
An am tionail na comhail,
'Sud an trumpaid bha oirdhearg,
Gu bhi a' fosgladh stòras an Uain.
- 4 Do na bhuidhean 'bha craiteach,
'S fhuair an lot' 'measg na'm mearlach,
Leis an ola gu slanuchadh suas ;
Ach bha cluas'n bodh'r gu eisdeachd,
Nach d' robh 'cluinntin na h-eibh ud,
'Us tha 'nis oir a sheuladh mach uainn.
- 5 Air a thabhairt gu saorsuinn
Dh' ionnsuidh lanachd na Rìgheachd,
As gach tsiodlaid, 'us daors', agus cruas,
Gu bhi 'seinn Haleluiah
'Am measg an *Ranc* 'chaidh chrunadh,
'Tabhairt gloir agus umhlachd do 'n Uan.

- 6 'S ged a ghoibh'dh 'n cuan o ri sheuladh,
 Dh' ionnsuidh la na h-ais-eiridh,
 Bhiodh o gu maith ann 'n deilig'an Uain ;
 Oir coinn'chidh 'n t-an'm tha priseil
 Ris a bhodhaig bha finealt,
 Ann an comuinn le saorsainn na buaidh.
- 7 Ach thug o saors' do 'n cairdean,
 Gu'n d'robh 'bhodhaig ghle aillt' ud
 Air fhaighinn gu a charadh 'san uaigh :
 Ach, Och ! na'm biodh e lathair,
 Bhiodh 'chiuraidhean-sa craiteach
 Airson cuid a chaidh bhathadh 'sa chuan.
- 8 'Measg an aireamh a b' ool dh'a,
 Bha fear-'ghaoil Robi Gordan ;
 Is ro theirc dhoth a sheors' 'measg an t-shluaigh :
 'Dol do laimhseachadh 'Bhiobail,
 Planntan milis na dilseachd,
 'Ghabhail colas na firinn gun fhuaim.
- 9 Agus ann 'n taisb'nadh cairdeas,
 C'ait am faigh mi dh'a brathair,
 'Measg an oigradh chaidh fhagail mu'n cuairt ?
 Ach 'sann 'chaidh e do'n Rìgheachd
 Maill' ri parant na dilseachd,
 Is bithidh 'n comuinn le gaol 'bhios bnan.
- 10 'Se n-ar durachd gu h-araidh,
 Gu 'n tigeadh mannt'l a pharaint,
 Air a mhac a chaidh fhagail fo ghruaim ;
 Ach am bithoadh e fcumail
 'Am measg an *Rednc* 'tha 'g eiridh
 Anns an la a tha cigineach truagh.
- 11 Oir thug e caoil' agus bas oirm',
 'M foadh a bhios sinn 'san fhasaich.
 Gu'n deach'an coinnleia gle-aillt thoirt uainn,
 Bha lan d' sholus 's do ghrasan,
 'Seoladh 'n rathaid gu tearnadh,
 Mar bha Maois agus Aaron do 'n t-shluagh.

- 12 'S cha 'n' eil facal de'n fhirinn
 Chaidh a labhairt an gaol leis,
 Nach tog fianuis rist bhitheas buan :
 Oir bidh cuidhthrom de ghloir annt
 Eadar Ceartas 'us Trocair,
 Deanamh dealachdan mhor 'measg an t-shluaigh.
- 13 Mar bha seathnar mhic Iacoib,
 'Siad na'n scarmonaich araidh,
 'Cuir an ceill dhuinn mu fhabhar an Uain.
 Seathnar eil le guth laidir
 'Seirsgcadh an lagh' gun fhabhar
 Ris na h-uil' bha 'ga aicheadh gu truagh.
- 14 Ach, Och ! an teare th'air 'm fagail
 Dheth na sheilbhich do ghrasan,
 'Siad gun neach 'ni a naird na chaidh uath ;
 Lan do chiuraidhean eraiteach,
 'M feadh a bhios iad 'san fhasaich
 Aach am faigh iad fo thear'nteachd an Uain ;
- 15 Neach dh'fhuilig buairidh'n laidir,
 'S fallus fal 'anns a gharadh,
 Agus toibheum 'o aireamh de shluaigh ;
 Chuir E'n ceill dhoibh gu h araidh
 Mar fhuar E-fein, gu'm faigh'dh iads'
 Am feadh 'bhiodh iad am fasaich na cruas,
- 16 Gus 'n toir' E null iad air Iordan,
 'San leomhan beucach an toir orr',
 Agus iadsan 'nan deoraich bhochd thruagh.
 'Sin bheireadh 'n gath as 'bhas dhoibh,
 'S bheireadh caithream bho shatan
 'S bheireadh libhrigeadh tear'nt dhoibh le buaidh.
- 17 Gheibh iad toradh na h-urnuigh,
 'S thig na deuran bo'n suilean
 Is theid na h-osnaidhean ciurt' 'thoirt uath :
 Ach tha mis' ciurt' fo m' anail,
 'S cha 'n 'eil luths' ann mo ghearan,
 S tha mo chuissean ro dhoilich is cruaidh.

IV.—Marbh-rann do Shiorra Macculloch, Le bean
Uilliam Guinne.

- 1 MEUDAIL agus mo run an aodainn,
Nach faic mi 'leithid' measg na miltean,
Leis 'chridh' bha lan de gradh'n Fhir-shaoraidh,
'Sna lamhan bhitheadh sint 'gus na daoine ;
- 2 Oir rinn Thu anmhuinn le do ghras e,
Is thug Thu 'mach e 'o na braithrean
Gu dol am measg mo chuissean saraicht' ;
Cha'n fhaic mi leith'd a choidh gu brach ann :
- 3 Oir ged a shiubhlainn sa na duth' chan,
'San righeachd cha d'robh leithid Huistean,
Le anam lan de ghras 's de naomhachd,
'Se 'g ulan iambaidh an Fhir-shaoraidh.
- 4 Cha b'ionngantach dhomh-sa 'bhi bronach,
Ann an am cruinneachaidh' na comhail,
'Faicinn do shuidheachans' na aonar,
Is tus' gu brach nach tig 'n ar comhail.
- 5 Oir an uair dh'fhoisgleadh tu am Biobal,
Dh'fhuaisgileadh tu mo cheistean daorsal,
Is gu cuir solus air an fhirinn,
Cha'n fhaic mi do leith'd anns an t-shaoghal,
- 6 Oir 'meudail Huistean thug E suas thu,
Is thug thu barrachd air na h-uaislean,
Is tha thu nis anns a Chuirt is uaisl ;
Is cha chuir satan a caoidh gluasad 'ort.
- 7 Cha'n fhaic mise 'agus thus a cheile,
Gus an tig latha na h-ais-eirigh ;
'S ma bhios mis 'truagh cuiridh tu d' sheul ris ;
Do bhrigh liugh'd la bha mi' gat eisdeachd.
- 8 Oir fhuair an cuan thu, 's rinn e t-aicheadh,
'S fhuair e rist thu 'us chaidh do bhathadh ;
Ach dh' fhoisgil sud dhuit doras sabhailt,
Maille ri Isaac agus Iocob.
- 9 Ach ged a rinn an cuan do bhathadh,
Cha b'ann gu do chall-sa a bha sud ;

- Oir thug e 'mach thu bho gach sar'chadh,
Gu bhi 'scinn anns an Tigh a 's airde.
- 10 Oir thug E leis thu ann am momaint,
Is dh'eid E thu le or na h-Opheir
Is thug E saor rhu 'null air Iordan
Bho gach daorsainn a bha an toir ort.
- 11 Is thug E 'steach thu do an Rìgheachd,
Is chruin E thu 'am measg na'n rìghrean,
Is rinn E thu na d' phìlar finealt',
Is sgrìobh e ainm a Bhaile Naomh ort.
- 12 Bha minist'earan laidir geur 'n toir ort,
'Bhaigh mend do sholuis agus d' eolais ;
Ach na ruigs' iad gu brach d' ait-comhuu idh-s',
Chi iad do threud 's thu-fein an tos orr'.
- 13 Oir rinneadh thu mar bhaile soilleir
Air mullach beinn nach fheudar fhalach,
Agus t-anam lan de'n fhìor sholus ;
'S b'e sud'n aobh'r chraidh, do chuir 'san talamh.
- 14 Oir 'se do thoirt uainn 'rinn sinn craiteach,
Fosgailt 'do thonnann garbh na fasaich,
Gun bhi 'clunntinn rathad an tearnaidh
Aair a mhineachadh dhuinn gu tearuint ?

V. — Marbh-rann do Uilleam Murradh, duine urramach diadhaidh a bha ann am Fliuchairidh ann an Sgìre Dhornaich, agus bha na Fhear ceasnaich ann an Sgìre Chraoich, 'an Cataobh. Le U. G., I. M'D., agus R. M'D.

- 1 Is mis' a chraobh tha crìonach,
Th'anns an fhìonan gun bhla' orm,
'S mi fo rcoiteachd a gheambraidh,
'Tha na shamh'l air a bhas domh ;
'Thaobh's nach faic mi nis Uilleam ;
'Ghnuis mhuileach 'bha gra dhach,
'Bha na mhaise 'measg mhiltean,
Air 'n do shaoth'raich saor ghrasan.



- 2 Rinn e leon do dha Sgìre,
 'Nuair a chaochail am bas e :
 Planntan cubhraidh na dìlseachd,
 Lan gaoil do na braithrean.
 Oir bha a cheuman cho dreach,
 'Dol tre slighe na fasaich,
 'S ann an radh na h-urnuigh,
 'Se bha dluth ris an Ard-Rìgh.
- 3 Ann an tionail na comhail,
 Bu lamh thos ann thar chach e ;
 Leis an anail bu chubhraidh,
 'Bha tigh'n ur bho os ard air.
 Bha a labhairt cho diomhair,
 'S nach robh trian diubh an aird ris,
 'Measg nam " Molaidhean siorruidh,"
 Oir bi a mhianm 'bhi g'an aireamh.
- 4 Och a nis tha sinn cianail
 'N ann tighinn gus an ait sin,
 'Faicinn rum-sa 'bhi falamh,
 Aobhar ghearain nan cairdean :
 'Sann tha e-san gu sona
 Far nach tig ainmis gu brach air ;
 Far nach tig buaireadh bho 'n t-shaogh'l,
 Na daorsainn bho Shatan.
- 5 Ged tha mise ri tuireadh,
 'S aobhar mhulaid is bhron dhomh,
 'N ait bhi 'g iomchair mar bhuineadh,
 Fìor thoradh. fo an leon ud,
 Gur h-e gheibh mi 'na m'anam,
 Measan malluicht' Ghomoraih—
 Dris is deareagan fiadhaich,
 Poradh mi chiatach na feola.
- 6 Is se m'eagal, a bhuill ud
 A bhi 'g oibreachadh bhais domh,
 A thaobh doillead mo thuigse
 Air gliocas an Ard-Rìgh :
 Le mend a ghaoil do na thagh e,
 'Gan toirt dhachaidh gu'n Aros
 Gu bhi seinn Haleluiah
 Anns a Chuir mail' ri Abra'm.

- 7 Oeh ! cha 'n fhaic mi leith'd Uilleam,
 Ann an tionail no 'n comhail ;
 Gnuis mhaiseach na stuaimeachd
 Lan suairceis an comhnuidh.
 Cha d' rinn e tarchuis air bochdan,
 'S cha do lot e riamh leointeach,
 Oir ri solus na firinn,
 Bu ghle shinte 'bha 'chomhradh.
- 8 Chuir E cabhaig bho thim air,
 'S rinn sud daorsainn do mhoran ;
 Do thaobh teiread nam braithrean
 Dheanadh cairdeas ri leointich.
 Oeh ! chaidh Uilleam mo ghaoil-sa,
 Troimh dhaorsuinnean mora ;
 Ach rinn suidheachadh 'chumhnaint
 E-san 'ghiulan gu solas.
- 9 'Se fhuair cuinneanan glana,
 Airson aithneachadh naomhachd ;
 Is dh' fhag sud e ro chraiteach,
 Airson fasuidheachd dhaoine :
 Gidheadh 'sann 'bhiodh e 'taladh
 Do thaobh fabhair a ghaoil ris ;
 Oir rinn cumhachd an Ard-Rìgh
 E san 'theanadh dhe faobhar.
- 10 Ann an dreuchd an F'hir-cheasnuich',
 Bha e deas ann a phairtean ;
 'Craobh-sgaoileadh na firinn.
 Ann an diiseachd 's an gradh dhoibh.
 'S ann an tagair, ag urnuigh,
 Bhiodh an driuchd tigh'nu a mhain air :
 'S e'ait am faic mi leithid Uilleam,
 'Shloinneadh spiorad na h-aithn' dhuinn ?
- 11 Ach tha iad nis' nan aonar,
 Gle sgaoilte 'san fhasaich,
 A gus cuid diubh gu tuirseach,
 'Thaobh a chuspair a dh' fhag iad :
 Gidheadh 's e 'n gnothaich 'bhi 'g urnuigh,
 Gle dhlath ris an Ard-Rìgh,
 Chum g'an cuir E Fear ur ann,
 Dheanadh ciuradh do Shatan.

- 12 Oeh ! 's i do cheile 'ta cianail
 An diugh 'lionadh le cradh i,
 Dh' casbluidh comuinn na h-urnuigh,
 'S i fo churam nam paisdean :
 Ach 'sann air Ceannaird a chumhuaint
 Chaidh an curam-san fhagail,
 'S tha Fear-tabhairt a gheallaidh,
 'N'lan chomus gu'n tearnadh,
- 13 Biodh gach beag agus mor ae,
 (Do reir scoladh 'n Fhìr-ghraidh-sa)
 'G iarraidh foghlum an spioraid
 'Chum an anaim a thearnadh ;
 Chum 's gun ruig iad fa dheireadh
 'Dh' ionnsuidh cala na slainte,
 Aims am bi iad lan shona,
 Gun ainneis gu brach orra.
- 14 [Ach nach labhair an *cigh* so
 Ris 'n luchd-aidich 'san la so,
 Eadar Theachd'ran 'us phobull,
 Iad bhi deiseil gu trathail ;
 Oir tha 'm bas oirnn ag iadhla',
 Is tha ghrian 'dol a mhan oirnn,
 Tha na faileasan 'sineadh,
 'S tha an caothach air Satan.
- 15 Is soilleir gu 'n do ghranaich
 Siune Spiorad an Àrd-Rìgh
 Bho thabhairt do an t-shoisgeil,
 A chumhachd 'us a lath'reachd ;
 Nach faic sibh cho ladurna
 'S a tha aodan an ardain,
 Us gach *ranc* as an riaghailt
 'S iad gun strìan orr' an trasa.
- 16 Dia gu 'n tog 'naird fianuiscan,
 Bhitheas dilcas agus treubhant',
 'Chuireas teicheadh air naimhdean,
 'Us air cealgaircan feincil.
 O ! gu'n dean E sinn altrum,
 Gu bhi brìgheil 'us feumail ;
 Gu bhi tarbhach 'san Fhìonan,
 A chum onair Mhic Dhe O.]

VI.—Air toirt air falbh na dilsean, 's air mi-
dhilseachd na ginealaich.

- 1 Oich Obha ! Oich Obha !
Oich Obha, is mi sgith !
'S mi cuimhneachadh m'fhabhair
Maille ri cardean an Rìgh ;
'S mi faicim mar tha iad
'San fhasaich cho sgaoilte
'S chaidh cuid troimh na bhas dhiubh
A chum Pharas na saors'.
- 2 Tha mis' 'u so air m'fhagail
Anns an fhasaich gun chli
'S mi 'faicim gu craiteach,
Am bas anns an tìr ;
'S ro theire air am fagail
Ris am fair mi bhi saor,
Rinn ceud pheacadh Adhaimh
Misc fhagail gun bhrìgh.
- 3 Gun chomas bhi 'g ard'chadh
A nis fabhar na saors' :
'S rinn riaghladh gun fhubhair
Tur fhasaich de an tìr
'S le Iosebel laidir
Tha aireamlt a' dol cli
'S mur till Rìgh nan gras iad
Buaidh bos aca choidh.

A CHRIOCH.



